



MUILLEAN STANLEY



Carson bh' ann am Muillean Stanley?

Bha Muillean Stanley uair na factaraidh gu math trang ri taobh Abhainn Tatha faisg air Peart. Chaidh na ciad muillean a thogail faisg air deireadh an 1700an fhad 's a bha an tionndadh gnìomhachais a' dol air adhart. Thagh iad an làrach air thoradh gum b' urrainn dhaibh cumhachd na h-aibhne a chleachdadh airson car a chuir ris na rothan-uisge is lùths a chuir dha na beairtean.

Dè na stuthan a bha an cleachdadh airson Muillean Stanley a thogail?

Tha na toglaichean aig Muillean Stanley air a dhèanamh le breic dearg. Bha na breicean air a dhèanamh le criadh ionadail. Ma chuireas sibh sùil gheur ris na ballaichean chìthear na diofar bannan a bha air a chleachdadh airson na breicean a chumail ri chèile. 'S iad pàtran eadar dhealaichte airson na breicean a chumail ri chèile. Cleachdadh de Bann Flàrasach, siostam a bhios a cur sìos taobh fada den bhreic cuide ri taobh ghoirid, is a' dèanamh tar-iadh dhe seo air gach breath den bhallach. Cruthaichidh seo ballaichean tiugh is gu math treun!

Tha Muillean Bell aon de na factaraidhean as sine a tha fhathast againn san t-saoghal. Chaidh am baile beag mun cuairt air a' mhuillean a thogail airson àiteachan fuirich dhan luchd-obrach. Tha tùr-cluic beag aig Muillean Bell, is sheinn an glac gach madainn gus an dùisg an luchd-obrach deiseil airson là eile.

An-diugh, 's urrainn dhuibh a' tadhail air Muillean Stanley airson a' faicinn ciamar a bha an Abhainn Tatha a' cur cumhachd ris, agus ciamar a bha iad a' cruthachadh aodach-fighte. Tha taisbeanadh cuideachd a' toirt seachad sgeulachdan bho na daoine a bha ag obair is a' fuireach aig a' mhuillean.

An Seada Einnsean

Tha an Seada Einnsean an aona ionaid ann an Alba a tha a' sònrachadh air ghèidhteachais dualchas thogte, is e stèidhichte ann an Sruighlea. Tha e fo stiùir Àrainneachd Eachdraidheil Alba, am prìomh bhuidheann leis an uallach airson rùrachadh, dìon, agus a' brosnachadh àrainneachd eachdraidheil na h-Alba. Tha sinn moiteil às an dualchas againn, agus tha prògram foghlam ann an coimhearsnachdan leis an amas spionnadh a thoirt do dhaoine de gach aois. Tha sinn an dòchas gun còrd an goireas seo dhuibh! Ma tha molaidhean agaibh air ar son, cuiribh brath thugainn aig technicaleducation@hes.scot.